# Fiosrachadh mu Roald Dahl



- Rugadh e sa Chuimrigh air 13 Sultain 1916.
- 'S ann à Nirribhidh a bha a phàrantan.
- Na dhuine òg bha e ag obair ann an Afraga a Deas airson a' chompanaidh Shell Oil.
- Bha e fileanta ann an trì cànanan; Beurla, an cànan Lochlannach agus Swahili.





- Aig àm an dàrna cogaidh bha e anns an RAF.
- Ann an 1953 phòs e a' bhana-chleasaiche Ameireaganach, Patricia Neal.
- Cha do sgrìobh e leabhraichean chloinne gus an robh teaghlach aige fhèin.
- Ann an 1964 chaidh Charlie and the Chocolate Factory fhoillseachadh.
- Ann an 1988 chaidh Matilda fhoillseachadh.
- Sgrìobh e a h-uile leabhar chloinne ann an seada beag aig bonn a' ghàrraidh.





- Chaochail Roald Dahl air an 23 Samhain 1990.
- Sgrìobh e uile gu lèir 21 leabhraichean chloinne.
- Bho 2006 tha Là Roald Dahl a-nis air a chumail gach bliadhna air 13 Sultain – air là a' cho-là breith!



## Siuthad a-nis

1. Ainmich còig de na leabhraichean aig Roald Dahl.
2. Sgrìobh paragraf mun charactar as fheàrr leat bho na leabhraichean aige.
3. Anns an leabhar George's Marvellous Medicine tha George a' cruthachadh rudan annasach dha rìreabh. Sgrìobh a-mach reasabaidh a' cleachdadh rudan annasach agus innis carson a chleachdadh tu e.
4. Sgrìobh sgeulachd bheag a' cleachdadh feadhainn de na caractaran a tha a nochdadh anns na leabhraichean aig Roald Dahl. Faodaidh Matilda a dhol air làithean saora còmhla ris am BFG! Dè thachradh dhaibh?



